

Fhuair POOLS-T maoineachadh bhon Choimisean Eòrpach. 'S e beachdan an ùghdair a tha sa bhileag seo, agus chan fhaodar uallach a chur air a' Choimisean airson mar a thèid am fiosrachadh a tha na lùib a chleachdad.



**Obair Còmhla!**  
**Airson pàirt a ghabhail ann am**  
**POOLS (POOLS-T)**  
**Cuiribh post-d gu [ka@ots.dk](mailto:ka@ots.dk)**



**POOLS-T air cùrsa airson co-obrachadh agus compàirteachadh**


Ma tha sibh an-sàs ann am pròiseact cànan (no ma tha sibh air crìoch a chur air fear mar-thà) nach tig sibh air bòrd airson na toraidhean a sgaoileadh a-mach gu pròiseactan eile? A' co-obrachadh ri chèile 's urrainn dhuinn seirbheis as fhèarr a thoirt dhan luchd-cleachdaidh againn. Le bhith a' compàirteachadh fiosrachadh agus toraidhean chan eil feum againn air a' chuibile a dhèanamh às ùr.

'S e a th' ann am POOLS-T ach pròiseact le taic bho Sgeama Leonardo da Vinci airson bathar bog saor an asgaidh a leasachadh airson cuideachadh le CLIL (ionnsachadh cànan agus cuspair le chèile). Ach 's e fear de na prìomh amasan a bhith ag obair cuide ri pròiseactan eile.

Faodaidh làrach-lìn POOLS doras fhosgladh air na toraidhean agaibh. Cuideachd faodaidh sibh innealan „copyleft“ fhaighinn airson cànan ionnsachadh, a' gabhail a-steach bhidiothan, stuthan-teagaisg, agus comhairle air dòighean-teagaisg. Faodaidh sibh an cleachdadh nur pròiseactan fhèin.

Thigibh air bòrd cuide ri sgioba POOLS (agus POOLS-T). Post-d: [ka@ots.dk](mailto:ka@ots.dk)





## Pròiseact POOLS-T (A' cruthachadh siostam ionnsachaidh fosgailte air-loidhne – innealan)

Air a' cho-òrdanachadh le Colaiste Odense-Vejle san Danmhairc, bidh am pròiseact a' leasachadh bathar bog eadar 2008 agus 2010 gus taic a thoirt do luchd-teagaisg agus do luchd-ionnsachaidh a tha ag obair le CLIL ann an LWUTL (cànanan nach eil air an cleachdad no air an teagast gu farsaingeach).

Bidh fear dhe na h-innealan ag atharrachadh teacsainchean agus duilleagan gu cruth html far am bi ceangal ri faclairean air-loidhne ann an iomadach cànanan Eòrpach. Bheir am bathar taic do dh'fhuaim, bhidio agus dealbhan a thèid cuide ris an teacs.

Cruthaichidh an t-inneal duilleagan àbhaisteach html aig nach bi feum air „plugins“ no bathar bog sònraichte airson an cleachdad. Bidh am bathar bog fhèin „copyleft“ le source fosgailte so-thugseach a ghabhas a għluasad gu siostaman eile, a leasachadh agus a chumail a' dol san àm ri teachd.

Thèid am bathar bog a chleachdad tro Dhanmhaircis, Dùitis, Beurla agus Greugais, agus bidh bhidiothan ann airson fèin-teagaisg sna cànanan sin cuideachd.

Gus taic a thoirt do ChLIL togaidh an compàirteachas stiùireadh airson dìghean-teagaisg a bhios a' sealltainn ciamar a għabhadh am bathar cleachdad le luchd-ionnsachaidh.

[www.languages.dk](http://www.languages.dk)

A bharrachd air sin thèid bathar bog air-loidhne a leasachadh a chruthaicheas duilleagan far a bheil a h-uile facial air a cheangal gu faclair air-loidhne (san aon dòigh sam bi am prògram „desktop“ ag obair).

## Dearbhadh air feumalachdan

Tha aithisgean gu leòr a' dearbhadh gu bheil feum air inneal saor an asgaidh mar seo, eg EURYDICE 2006 „CLIL at School in Europe“.

Gu math tric, feumaidh luchd-teagaisg CLIL agus LWUTL na stuthan-teagaisg aca fhèin a chruthachadh (EURYDICE 2005 „Key Data on Teaching Languages at School in Europe“). Cuidichidh am bathar bog a tha seo gu mòr le seo, agus thèid aig oilleanaich cuideachd stuthan firinneach a chruthachadh airson taic ann an ionnsachadh a' cànan.

Tha dearbhadh a bharrachd ann an aithisg an ICC (2003) „The Impact of New Information Technologies and Internet on the Teaching of Foreign Languages“ a tha ag ràdh „There will be a shift from passive consumption of ready-made programmes to independent building of content, tailor made for specific groups or individuals.“

## Sgaoileadh

Bidh na toraidhean air an sgaoileadh a-mach tro EfVET agus EUROCALL a bharrachd air co-labhairtean. Tha an làrach-lìn a' togail air fear a tha ann mar-thà le 40,000+ luchd-tadhail gach bliadhna: [www.languages.dk](http://www.languages.dk) Cuidichidh na toraidhean ann am fàs ChLIL air feadh na Roinn-Eòrpa.



## Tuilleadh fiosrachaidh

Tha buill agus luchd-cleachdaidh POOLS a' fàs mar choimhairsnachd. Faodaidh sibh fhèin a bhith nur ball, no clàradh airson cuairt-litir air an làraich-lìn: [www.languages.dk](http://www.languages.dk)



[www.languages.dk](http://www.languages.dk)